

## TUBAIST ANNS NA BEANNTAN

### AN ACCIDENT IN THE HILLS

Erica and Pamela go hillwalking. Read their conversation at various stages of the day. Sentences **a - f** summarise the content of the conversation but are in the wrong order. Put the sentences in the correct order.

1

Anns a' mhadainn.

Erica: Cuin a tha sinn a' falbh?

Pamela: 'S fheàrr dhuinn èisteachd ris an aimsir air an rèidio an toiseach.

Erica: 'S fheàrr.

Rèidio: Sùil a-nis air an aimsir. Bidh an t-uisge ann feasgar agus bidh a' ghaoth a' fàs làidir bhon ear-thuath ...

2

Anns na beanntan.

Pamela: O, mo chas! Ghoirtich mi mo chas.

Erica: A bheil i dona?

Pamela: Tha i gu math goirt.

Erica: An urrainn dhut coiseachd?

Pamela: Chan urrainn. Tha i briste, tha mi a' smaoineachadh.

Erica: 'S fheàrr dhomh a dhol a dh'fhaighinn cuideachadh.

3

Anns an ospadal.

Erica: Ciamar a tha thu a-nis?  
A bheil do chas briste?

Pamela: Chan eil, ach tha i gu math goirt.  
Cha bu chòir dhuinn a bhith air a dhol dha na beanntan an-diugh.

Erica: Tha thu ceart. Cha bu chòir agus aithris na h-aimsire cho dona. (Stad) Saoil am faigh thu dhachaigh a-nochd?

Pamela: Gheibh, tha mi a' smaoineachadh.

Erica: 'S fheàrr dhuinn tagsaidh a ghabhail.

**bhon ear-thuath** - from the north-east

- a) Chaidh Pamela a thoirt dhan ospadal.
- b) Bha an t-uisge gu bhith ann feasgar.
- c) Fhuair i dhachaigh an oidhche sin.
- d) Chaidh Erica a dh'fhaighinn cuideachadh
- e) Dh'èist Erica agus Pamela ri aithris na h-aimsire.
- f) Ghoirtich Pamela a cas.

**Eadar-theangachadh:** 1. In the morning. Erica: When are we going? Pamela: We'd better listen to the weather forecast on the radio first. Erica: Yes. Radio: How are you now? Is your leg broken? Pamela: No, but it's quite sore. We shouldn't have gone to the mountains. Pamela: Oh, my leg! I've hurt my leg. Erica: Is it bad? Pamela: It's very sore. Erica: Can you walk? Pamela: No. It's broken. I think. Erica: I'd better go and get help. 3. In hospital. Erica: How are you now? Is your leg broken? Pamela: No, but it's quite sore. We shouldn't have gone to the mountains today. Erica: You're right. We shouldn't with the weather forecast so bad. (pause) Do you think you'll get home tonight? Pamela: Yes, I think so. Erica: we'd better take a taxi a. Pamela was taken to hospital. b. It was going to rain in the afternoon. c. She got home that night. d. Erica went to get help. e. Erica and Pamela listened to the weather forecast. f. Pamela hurt her leg.

**Fragairtean:** e, b, f, d, a and c